

Òran na bantraich

The widow's song

Gur a mis' tha fo mhulad
Air tulaich na h-airidh

*It is I that is so sad
On the hill by the sheiling*

Ho o rò o hug o ò
Falbh o ro hò na liu
Ho o rò o liu lo o

*Ho o rò o hug o ò
Falbh o ro hò na liu
Ho o rò o liu lo o*

'S mi 'g amharc nan gillean
Air a linnidh gam bàthadh

*Watching the young men
Drowning in the Sound*

Mo thriùir bhràithrean is m'
athair
Fear mo thaighe 's e chraidh
mi

*My three brothers and my
father
My husband, that grieved me.*

Bas Aonghais à Barraigh
A sgar mi 's a chraidh mi

*The death of Angus of Barra
Has broken and tormented
me*

Bhith gad thogail on tiorra
far 'n do bhruchd a' mhuir làn
thu

*Lifting you from the water's
edge
Where the sea had cast you*

Bhith gad ghiùlain aig
fearaibh
Gu baile na traghad

*Men carrying you
To the village by the beach*

Gu Eaglais na Trianaid
Far am bu lionmhor do
chàirdean

*To the Church of the Trinity
Where there are plenty of
your relations*

'S truagh a Dhia mar a tha
mise
Bean gun mhisneachd gu
bràth mi

*Oh God, how miserable I am
A wife without spirit forever*

Tè gun mhac, gun fhear taighe
Tè gun aighear gun slàinte.

*One without son, without
husband
One without joy, without
health*